



Teisteanais  
Nàiseanta  
PÀIPEAR EISIMPLEIR

**SQ14/AH/01**

**Gàidhlig  
Sgrùdadh**

Latha — Gun bhuinteanas  
Date — Not applicable  
Ùine — 1 uair agus 30 mionaid (moladh)  
Duration — 1 hour and 30 minutes

**Gàidhlig  
Practical Criticism**

**Comharran gu lèir — 30**

**SGRÙDADH — 30 comharra**

Leugh na h-earrainn agus feuch air na ceistean AIR FAD.

Nuair a dh'iarrar ort, fosgail do phàipear agus sgrìobh do fhreagairtean anns an leabhran freagairt.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**. Feumaidh tu duilleag ùr a chleachdadh airson gach roinn.

Mus fàg thu rùm nan deuchainn feumaidh tu gach leabhran a thoirt don Neach-faire. Mura dèan thu seo, dh'fhaodadh tu na comharraidhean air fad airson a' phàipeir seo a chall.



\* S Q 1 4 A H 0 1 \*

Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

Cosgaisean Lìbhrigidh ann an Sgìrean Iomallach

Bha e riamh daor a bhith a' fuireach ann an sgìrean iomallach na h-Alba agus tha eisimpleir ùr den chosgais a thig air sluagh nan ceàrnaidhean sin air nochdadh an t-seachdain seo fhèin. Tha *Buidheann Comhairleachaidh Muinntir na h-Alba no Citizens Advice Scotland (CAS)* air rannsachadh ùr fhoillseachadh a tha a' sealltainn an uall-aich a tha a' tuiteam air 5 gnìomhachasan 's companaidhean nan sgìrean sin ri linn chosgaisean lìbhrigidh. Dh'fhaodadh gu bheil suas ri 15,000 gnothachas ann an Alba a' fulang mar thoradh air na cosgaisean seo is cuid dhiubh ann an cunnart a dhol fodha.

De na companaidhean a fhreagair an ceisteachan aig CAS, thuirt naoi às gach deich gun robh aca ri cosgaisean lìbhrigidh nas àirde a phàigheadh air sgàth 's far an robh iad stèidhichte. Thuirt 10 Murchadh Greumach, fear-gnothachais às an Eilean Sgitheanach: “Tha an suidheachadh seo gun teagamh a' toirt buaidh air an obair againn. Bha agam ri seòladh air tir-mòr fhaighinn gus cùisean a dhèanamh nas fhasa dhuinn. Saoilidh mi gu bheil na companaidhean lìbhrigidh a' faicinn ‘An t-Eilean Sgitheanach’ agus, an uair sin, bidh iad a' cur nam prìsean aca an-àirde. Nach iongantach mar a tha na prìsean cho eadar-dhealaichte air gach taobh de Dhrochaid an 15 Eilein Sgitheanaich.”

Thuirt Ball Pàrlamaid na h-Alba airson nan Eilean Siar: “Bho thùs tha cnapan-starra air a bhith ann ro gnìomhachasan ann an sgìrean iomallach, is gu sònraichte anns na h-eileanan. Tha sinne, mar riaghaltas, a' cur mu cheud millean nota a-steach do sheirbheisean aiseig anns na h-eileanan gach bliadhna gus cosgaisean siubhail a ghearradh do chompanaidhean agus don 20 mhòr-shluagh. A dh'aindeoin seo, tha companaidhean lìbhrigidh fhathast a' cur chìsean air parsail a tha a' dol gu na h-eileanan.”

Tha an aithisg ag innse gun do dh'iarr bùth ann an Sasainn prìsean airson cosgaisean lìbhrigidh bho aon chompanaidh is gun robh fichead nota de dhiofar eadar a' chosgais airson parsail a chur gu seòladh sa chòrr de Bhreatainn, agus a' chosgais airson na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha 25 suidheachaidhean mar seo a' toirt fìor dhroch bhuidh air gnothachasan. Thuirt Manaidsear Poileasaidh CAS: “Tha an aithisg againn a' toirt am follais gu bheil gnothachasan a' faireachdainn gu bheil na cosgaisean mì-chothromach seo a' gearradh pios mòr bhon phrothaid aca. Bha aig tòrr dhaoine an gnothachas aca atharrachadh anns a' bhliadhna a dh'fhalbh gus na cosgaisean seo a sheachnadh. Chaidh tuarastalan a ghearradh agus luchd-obrach a chur a-mach à obair, 30 agus tha sin air buaidh a thoirt air eaconamaidh ionadail nan sgìrean dùthchail.”

Thathas an dòchas gun tig piseach air an t-suidheachadh seo mar thoradh air an aithisg a tha CAS air fhoillseachadh ach tha gach coltas gu bheil mòran strì ri dhèanamh mus tig co-ionannachd ann an cosgaisean lìbhrigidh dha sgìrean iomallach na h-Alba.

Alasdair H Caimbeul, *An t-Albannach*, atharraichte

## Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

## CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin. Cleachd fianais às an teacsa agus thoir iomradh air cànan/sgilean-sgrìobhaidh far a bheil sin iomchaidh.

1. Inns, nad fhaclan fhèin, dè na prìomh cho-dhùnaidhean chun tàinig an rannsachadh aig CAS. 2
  
2. Dè tha na dh'fhiosraich Murchadh Greumach a' nochdadh dhuinn a thaobh an t-suidheachaidh anns an Eilean Sgitheanach? Freagair nad fhaclan fhèin. 2
  
3. Carson, nad bheachd, a tha Ball Pàrlamaid na h-Alba airson nan Eilean Siar ag ainmeachadh na taic-airgid a tha ga cosg air seirbheisean aiseig? 2
  
4. Inns, nad fhaclan fhèin, carson a tha co-dhùnaidhean an rannsachaidh seo na chuspair cudromach dhan bhuidheann CAS. 3
  
5. Le bhith a' cleachdadh fianais às an teacsa air fad, seall dè cho cothromach 's a tha an sgrìobhadair ann a bhith a' dèiligeadh ris a' chuspair seo. 3
  
6. Le bhith a' cleachdadh fianais às an teacsa air fad, seall dè cho soirbheachail 's a tha an sgrìobhadair ann a bhith a' toirt a' chuspair seo fa chomhair an leughadair. 3

## Teacsa 2 — Ficsean: Bàrdachd

### Amélie

Ban-ogha gu bhith bliadhna a dh'aois,  
's mi cuimhneachadh air a seann-seanmhair  
a rugadh o chionn ceud is ceithir-deug bliadhna:  
ged a tha na bliadhnachan fada

- 5 tha iad air an toinneamh  
ann an clò na h-eachdraidh,  
riobagan air an suaineadh  
's an dathan a' cur dreach  
air dealbh ar beatha,  
10 a' bheirt a' cruinneachadh a' bheairteis  
's a' chuimhne a' stàmpadh  
cruth air an t-saoghal againn  
's a' ceangal nan linntean  
ri chèile.

- 15 Sin thu, Amélie,  
dèan èigh is gàire,  
's do shùilean a' mire  
ris an t-saoghal mhòr  
a tha a' fosgladh romhad.

Le Ruairidh MacThòmais às an leabhar, *Sùil air Fàire*

## Teacsa 2 — Ficsean: Bàrdachd

## CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

- |     |   |   |
|-----|---|---|
| 7.  | Carson, nad bheachd, a tha am bàrd ag ainmeachadh a bhan-ogha agus a seann-seanmhair aig toiseach an dàin? (loidhnichean 1 — 6)   | 1 |
| 8.  | Seall mar a tha am bàrd a' cleachdadh an ìomhaigh den chlà agus taghadh-facail ann an loidhnichean 4 — 14.  | 4 |
| 9.  | Dè an dòchas a tha aig a' bhàrd airson beatha a bhan-ogha? Seall mar a tha fios agad (loidhnichean 15 — 19).  | 2 |
| 10. | Inns mun structar a tha air a' bhàrdachd agus mìnich dè am feum a tha sin a' dèanamh dhi.   | 3 |
| 11. | Seall mar a tha an tònna ag atharrachadh sa bhàrdachd. Mìnich do fhreagairt le fianais às an teacsa.  | 2 |
| 12. | Mìnich an teachdaireachd a tha aig a' bhàrd agus seall dè cho èifeachdach 's a tha am bàrd ann a bhith a' cleachdadh cànan no/agus sgìlean-sgrìobhaidh gus an teachdaireachd aige a dhèanamh follaiseach. | 3 |

## [CRÌOCH A' PHÀIPEIR EISIMPLEIR]

*Acknowledgement of Copyright*

Section 1 Poem, “Amelie” by Ruaridh MacThòmais, is taken from *Sùil air Fàire*. ISBN 9780861523351. Published by Acair. Reproduced by kind permission of Acair.

Section 2 Article is adapted from “Cosgais pharsailean: an sgainneal a'leantainn leantainneach nan” by Alasdair H Campbell, taken from *The Scotsman*, 19 April 2014. Reproduced by kind permission of Alasdair H Campbell.



National  
Qualifications  
SPECIMEN ONLY

---

**SQ14/AH/01**

**Gàidhlig  
Sgrùdadh**

**Gàidhlig  
Practical Criticism**

## Marking Instructions

---

These Marking Instructions have been provided to show how SQA would mark this Specimen Question Paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from SQA's Marketing team on [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

## General Marking Principles for Advanced Higher Gàidhlig: Practical Criticism

*This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this Paper. These principles must be read in conjunction with the Detailed Marking Instructions, which identify the key features required in candidate responses.*

- (a) Marks for each candidate response must always be assigned in line with these General Marking Principles and the Detailed Marking Instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation. Where a candidate merely re-writes sections of the text with no supporting analysis or comment, no marks should be awarded.
- (d) Other answers can be accepted than those in the Marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term “No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh” to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate’s answers.
- (e)
  - i) For questions that ask candidates to ‘**Mìnich . . .**’ or ask ‘**ciamar . . .**’, candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - ii) For questions that ask candidates to ‘**Seall mar a tha . . .**’, candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
  - iii) For questions that ask candidates ‘**Carson, nad bheachd . . .**’, candidates must make a personal judgement based on the text and task.

## Stiùiridhean Comharrachaidh

### Sgrùdadh – Teacsa 1 – Neo-fhicsean: Rosg

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1		<ul style="list-style-type: none"> <li>Gu bheil mòran ghnòthachasan ann an sgìrean dùthchail na h-Alba a' fulang air sgàth nan cosgaisean airson bathar a chur a-mach do luchd-ceannach no a thoirt a-steach.</li> <li>Gu bheil cunnart ann gun tèid cuid dhiubh à bith.</li> </ul>	2	<p>Earrannan anns an teacsa:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' sealltainn an uallaich a tha a' tuiteam air gnìomhachasan 's companaidhean nan sgìrean sin ri linn chosgaisean libhrigidh.</li> <li>Cuid dhiubh ann an cunnart a dhol fodha.</li> </ul>
2		<ul style="list-style-type: none"> <li>Bha aige ri seòladh air tìr-mòr fhaighinn: tha e dha-rìribh nas daoire dha companaidhean anns an Eilean Sgitheanach na tha e dha companaidhean air tìr-mòr.</li> <li>Gu bheil na prìsean a' dol suas gu mòr aon uair 's gum bi companaidhean a' toirt bathar thairis air Drochaid an Eilean Sgitheanaich/a' faicinn 'an t-Eilean Sgitheanach' san t-seòladh.</li> </ul>	2	
3		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha e airson sealltainn nach bu chòir coire a chur air an riaghaltas airson an t-suidheachaidh seo.</li> <li>Tha e a' sealltainn an taic a tha iad a' dèanamh gus chosgaisean a ghearradh.</li> <li>Tha e airson sealltainn nach eil adhbhar aig companaidhean libhrigidh prìsean nas àirde a bhith aca airson nan eilean na tha aca airson a' chòrr den dùthaich.</li> <li>Tha e airson sealltainn gu bheil companaidhean libhrigidh a' gabhail brath air an t-suidheachadh.</li> </ul>	2	



Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha gnothachasan den bheachd nach eil na cosgaisean libhrigidh cothromach agus gu bheil iad a' call ìre mhòr den phrothaid aca.</li> <li>• Tha aig gnothachasan ri an cuid sheirbheisean atharrachadh gus nach fuiling iad an uimhir de chall.</li> <li>• Tha aig gnothachasan ri tuarastalan a ghearradh agus daoine a chur a-mach à obair mar thoradh air an airgead a tha iad a' call.</li> <li>• Tha seo uile a' bualadh air eaconamaidh ionadail nan gnothachasan.</li> </ul>	3	
5	<p>Chan eil an sgrìobhadair cothromach oir:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cha tug e cothrom do chompanaidhean libhrigidh na casaidean a chaidh a thogail a fhreagairt/Cha do bhruidhinn e ach ri feadhainn a dh'aontaicheadh ri aithisg CAS.</li> <li>• Chan eil fianais chinnteach aige gu bheil na companaidhean libhrigidh a' cur suas nam prìsean gus brath a ghabhail air an t-suidheachadh ach tha e a' gabhail ri beachd Mhurchaidh Ghreumaich gu bheil/tha e a' sgrìobhadh mar gu bheil.</li> <li>• Tha e soilleir anns a' cho-dhùnadh gu bheil an sgrìobhadair a' taobhadh gu mòr ri aithisg CAS agus ris na thuirt an fheadhainn ris an do bhruidhinn e - tha e a' cleachdadh faclan mar "that has an dòchas"/"tha coltas gu bheil mòran strì ri dèanamh".</li> </ul>	3	<p>Thathar an dùil gum bi oileanaich a' cleachdadh eisimpleirean agus/no a' toirt fianais airson nam puingean aca.</p> <p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean iomchaidh eile cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca. Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhithheadh freagarrach mar fhreagairtean.</p> <p>Dh'fhaodadh gum bi cuid am beachd gu bheil an sgrìobhadair cothromach. Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.</p>

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6	<p>Tha an sgrìobhadair gu math soirbheachail oir:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha e a' cleachdadh aithisg a tha air ùr-thighinn a-mach (“<i>an t-seachdain seo fhèin</i>”).</li> <li>• Tha e a' dèanamh geàrr-chunntas air na puingeas as cudromaiche a th' anns an aithisg gus nach bi aig an leughadair fhèin ris an aithisg air fad a leughadh gus an cuspair a thuigsinn.</li> <li>• Tha e air bruidhinn ri daoine air a bheil an gnothach a' bualadh gus suidheachaidhean agus beachdan pearsanta a chur an cèill.</li> <li>• Tha e a' cleachdadh eisimpleirean a tha a' foillseachadh mar a tha an cuspair a' toirt buaidh air companaidhean.</li> </ul>	3	<p>Thathar an dùil gum bi oileanaich a' cleachdadh eisimpleirean agus/no a' toirt fianais airson nam puingeas aca.</p> <p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean iomchaidh eile cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca. Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean.</p> <p>Dh'fhaodadh gum bi cuid am beachd gu bheil an sgrìobhadair cothromach.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.</p>

Sgrùdadh – Teaca 2 – Ficsean: Bàrdachd

Ceist		Freagairt a thathar a’ sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7		<ul style="list-style-type: none"> <li>• ’S iad an cuspair/amas airson nan smuaintean aige agus cuspair na bàrdachd/tha e a’ feuchainn ri ceangail a dhèanamh eatarra.</li> <li>• Ged a tha faisg air ceud ’s còig bliadhna deug eatarra, tha iad air an ceangal còmhla nan aon teaghlach.</li> <li>• Tha am bàrd ’s dòcha ga fhaicinn fhèin aig meadhan nan ginealach a tha seo ’s e a’ smaoinichadh air buill den teaghlach a bha roimhe agus a tha ri tighinn às a dhèidh.</li> </ul>	1	<p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a’ ceartachadh nam freagairtean seo.</p> <p>Aon chomharra an urra airson aon de na freagairtean seo.</p>
8		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an clò a’ riochdachadh nan ceanglaichean a tha ann an teaghlach/tha buaidh aig diofar dhaoine oirnn mar dhaoine.</li> <li>• Tha gach ginealach snìomhte ris na ginealaich air gach taobh dheth mar a tha na snàithleìn mar an teaghlach agus mar a tha iad faisg agus air an dlùth cheangal ri chèile—dh’fhaodadh seo a bhith gu pearsanta no/agus ann an eachdraidh teaghlaich.</li> <li>• Tha na diofar snàithleìn mar na diofar rudan/bhuadhan a tha a’ dèanamh suas dhaoine—mar a tha sinn ag ionnsachadh bho dhaoine eile ach cuideachd na diofar bhuadhan a thaobh pearsa.</li> <li>• Tha “na dathan” cuideachd a’ samhlachadh nam buadhan a tha gach ginealach a’ cur ris an teaghlach/rud a tha a’ dèanamh a’ chlà prìseal no dh’fhaodadh iad a bhith mar diofar thachartasan no diofar dhaoine a tha ann am beatha dhaoine a tha ag atharrachadh dhaoine no a’ toirt cumadh orra/mar a tha iad a’ dèiligeadh ri rudan agus na beachdan a th’ aca.</li> </ul>	4	<p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a’ ceartachadh nam freagairtean seo.</p> <p>Dh’fhaodadh freagairt ceart sìmplidh aon chomharra fhaighinn le freagairt a tha nas fharsainge, mionaideach le deagh fhianais agus mineachadh a bhith airidh air ’s dòcha suas gu 3 comharraidhean.</p>

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• 'S e an stàmp a tha air a chur air clò na tha a' ceangal gach ginealach ri chèile is e a' nochdadh gum buin gach ball dhan teaghlach.</li> <li>• Tha a' bheairt mar bheatha fhèin—Tha e a' toirt rudan ri chèile agus/no buadhan dhaoine.</li> <li>• “air an toinneamh”—Tha na snàithlein teann mar an ceangal eadar na ginealaichean.</li> <li>• “air an suaineadh”—Tha a' bhuidh bho shinnsearan domhainn agus gar bogadh, cha ghabh a sheachnadh.</li> </ul>		
9	<ul style="list-style-type: none"> <li>• gum bi beatha shona aice (“dèan èigh is gàire”)</li> <li>• gun gabh i na cothroman a bhios aice na beatha (“do shùilean a' mire/ris an t-saoghal mhòr/a tha a' fosgladh romhad”)</li> </ul>	2	No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh Aon chomharra an urra airson aon de na freagairtean seo.
10	<p>Fianais:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an colon a' leantainn gu bhith bruidhinn mun ìomhaigheachd agus liosta nan diofar rudan a tha a' toirt buaidh air daoine.</li> <li>• Tha “ri chèile” na loidhne leis fhèin agus tha e goirid. Tha e mar mheadhan no tionndadh anns a' bhàrdachd no tha e a' ceangal an dà leth mar a tha na ginealaich air an ceangal “ri chèile”/tha e a' gluasad bho bhreithneachadh mun àm a tha air a dhol seachad don àm ri teachd.</li> <li>• Tha an dàn na dhà phàirt/na dhà sheantans— tha aon fada agus aon nas giorra. Tha am pàirt/seantans fada a' coimhead air ais agus a' beachdachadh air beatha ar sinnsearan agus na ginealaich roimhe agus a' bhuidh a th' aca oirnn. Tha am faid 's dòcha ceangailte ris an tìde a tha air a dhol seachad. Anns an dàrna pàirt/seantans, tha e mar gu bheil e a' bruidhinn ri a bhan-ogha agus a' gluasad dhan àm a tha ann an-dràsta.</li> </ul>	3	<p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.</p> <p>Dh'fhaodadh freagairt ceart simplidh aon chomharra fhaighinn le freagairt a tha nas fharsainge, mionaideach le deagh fhianais agus mìneachadh a bhith airidh air 's dòcha suas gu 3 comharraidhean.</p> <p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh oileanaich a bhith a' sealltainn a' bheachd aca air an structar agus dè cho èifeachdach 's a tha e.</p>

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<p>Èifeachdas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha am bàrd airson ceangal a dhèanamh eadar a smuaintean air a bhan-ogha is air cho cudromach 's a tha teaghlach agus a' chomhairle a bheireadh am bàrd dha bhan-ogha.</li> </ul>		
11	<p>Tha tòn aotrom, dòigheil, dòchasach, brosnachail, smaoineachail follaiseach sa bhàrdachd. Tha tòn de neo-chionntas cuideachd air a shealltainn agus iongnadh den cheangal eadar na ginealaichean:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>me: tha am bàrd gu math smaoineachail anns a' chiad phàirt a' bruidhinn mun a' cheangal eadar a shin-seanmhair agus a bhan-ogha agus na càirdeasan a bha agus a tha san teaghlach seo - taghadh-facaill air a chleachdadh me "air an toinneamh" agus na "riobagan air an suaineadh".</li> <li>me: tha am bard aotrom/dòchasach anns an dàrna phàirt nuair a tha e a' cleachdadh òrdughan ceangailte ri rudan a dh'fheumas a bhan-ogha a dhèanamh "dèan èigh agus gàire" 's iad uile a' sealltainn toileachas rud a tha a' leantainn air adhart le "do shùilean a' mire". Tha na faclan "a" fosgladh romhad' a' sealltainn an dòchais agus a' mhisneachd a tha aig a' bhàrd.</li> </ul>	2	<p>Tha na comharraidhean an urra ris an taic/fianais a tha air a thoirt seachad.</p> <p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Dh'fhaodadh freagairt ceart simplidh aon chomharra fhaighinn le freagairt a tha nas fharsainge, mionaideach le deagh fhianais agus mìneachadh a bhith airidh air 's dòcha suas gu 2 chomharra.</p>
12	<p>Eisimpleirean de bhreithneachadh bhon teacsa agus beachdachadh air teachdaireachd anns a' bhàrdachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha e uabhasach èifeachdach oir tha e 's dòcha a' feuchainn ri bhith a' toirt oirnn a bhith a' smaoineachadh air teaghlach agus gach ginealach agus mar a tha iad cho prìseil agus ceangailte ri chèile gu dlùth.</li> </ul>	3	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha e 's dòcha a' feuchainn ri sealltainn mar a tha beatha air atharrachadh tro na bliadhnachan ach tha teaghlach agus na ceanglaichean ri ar sinnsirean a' cheart cho làidir 's a bha iad riamh.</li> <li>• Tha am bàrd a' feuchainn ri bhith brosnachadh dhaoine a bhith a' gabhail a h-uile cothrom a tha air a chur romhpa, rudan 's dòcha nach robh aig ar sinnsirean.</li> <li>• Tha mi den bheachd gu bheil am bàrd a' toirt seachad dealbh nach eil fìor dha bhan-ogha. Dh'fhaodadh 'an saoghal mòr a tha a' fosgladh romhad' a bhith na chùis eagail dhi seach na adhbhar dòchais.</li> </ul> <p>Eisimpleirean de thaic bhon teacsa:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• a' bheairt a' cruinneachadh a' bheairteis': Tha am bàrd a' cleachdadh uaim an seo gus an leughadair a tharraing dha na faclan/Tha am bàrd a' cluich le faclan a tha glè choltach ri chèile ach aig a bheil ciallan glè eadar-dhealaichte – tha e a' sealltainn mar a tha na ginealaich roimhe priseal agus tha còir againn a bhith ag aithneachadh sin.</li> <li>• Tha beatha an leanaibh òig gu math follaiseach leis na faclan “dèan èigh agus gàire” – tha toileachas agus neo-chionntas a bhan-ogha beò an seo agus tha na faireachdainnean aig a' bhàrd cuideachd soilleir mar a tha an t-òrdugh 'dèan' air a chleachdadh – tha e airson gun tèid i a-mach dhan t-saoghal agus a h-uile cothrom a ghabhail ach aig an aon àm ionnsachadh bho na ginealaich eile.</li> <li>• Tha an dà shaoghal agus dà sheòrsa aois follaiseach leis an dà leth den bhàrdachd agus an ìomhaigheachd den chlà air a snìomh air a' bheairt.</li> </ul>		<p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh oileanaich a bhith a' sealltainn a' bheachd aca air teachdaireachd a' bhàird agus a bhith a' toirt eisimpleirean de thaic bhon teacsa a tha a' dol le seo. Thèid comharraidhean a thoirt seachad a rèir mar a tha taic agus breithneachadh ag obair còmhla.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean iomchaidh eile.</p> <p>Tha eisimpleirean/stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean.</p>

[END OF SPECIMEN MARKING INSTRUCTIONS]